



**Scottish
Ambulance
Service**
Taking Care to the Patient



Plana Gàidhlig Seirbheis Ambaileans na h-Alba 2016 gu 2021



Chaidh am Plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de
dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chuir Bòrd na
Gàidhlig aonta ris air 7 Dùbhlachd 2016.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 1	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Clàr-innse

Geàrr-chunntas

Earrainn		Duilleag
1	Tùs-fhacal	4
2	Ro-ràdh	5
	Dleastanasan Seirbheis Ambaileans na h-Alba	
	Ar dleastanasan reachdail	
	Structar na buidhne	
	Stèiseanan is oifisean	
	A' frithealadh air a' phoball	
	Sùil fharsaing air a' Ghàidhlig ann an Alba	
	Gàidhlig ann an Seirbheis Ambaileans na h-Alba	
	Sgrùdadh air comasan luchd-obrach	
	Achd 2005 agus a' cur fios-plana	
3	Am Plana Gàidhlig an lùib an structair chorporra	10
4	Gàidhlig an lùib Planaidh is Phoileasaidhean agus a' Dèanamh Ceangal ri Prìomhachasan Nàiseanta	11
	A' dèanamh Gàidhlig na pàirt riatanach de phoileasaidhean Seirbheis Ambaileans na h-Alba	
	Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig	
	Prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba	
	Prìomhachasan ionadail	
5	Geallaidhean a' Phlana	14
	Geallaidhean Àrd-ìre	
	Geallaidhean a thaobh ìre seirbheis	
	Follaiseachd	
	Luchd-obrach	
	Obair làitheil	
	Buidhnean 'air astar'	
	Aontaidhean le buidhnean eile	
	Conaltradh	
	Ìrean Corpas na Gàidhlig	
6	Modhan-sgrùdaidh is modhan-aithris	27
7	Fiosrachadh Conaltraidh	28
	Eàrr-ràdhan	
1	Mapa de dh'ionadan Seirbheis Ambaileans na h-Alba	29
2	Fiosrachadh bho Chunntas-sluaigh 2011	30

3	Foghlam tron Ghàidhlig	31
4	Mapa le fios air Foghlam tron Ghàidhlig	33
5	Mapa a' sealltainn luchd-labhairt na Gàidhlig	34

1. Tùs-fhacal

Tha Achd na Gàidhlig a' toirt aithne don Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla. Tha Seirbheis Ambaileans na h-Alba a' toirt ar làn-thaice do na cinn-uidhe is amasan a tha sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Tha Gàidhlig na pàirt luachmhor de ar coimhearsnachdan, cultar is dualchas, agus cuidichidh ar plana le bhith dèanamh cinnteach gum mair an cànan beò agus gun tig i am feabhas san ùine air thoiseach.

Tha ar frèam-obrach ro-innleachdail airson còig bliadhna, “Gu Ruige 2020: A' Toirt Cùram chun an Euslaintich”, a' mìneachadh mar a tha sinn an dùil ar seirbheis a libhrigeadh agus sinn a' toirt seachad cùram èiginneach is an làrach nam bonn agus cùram air a phlanadh 24 / 7. Tha e na amas dhuinn sàr sheirbheisean ambaileans a thoirt do gach neach, gach turas. Leis an amas sin tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e gum bi ar seirbheisean cùraim a' frithealadh air gach neach fa leth agus gur e an t-euslainteach fhèin as cudromaiche agus le bhith dèanamh sin tha sinn ag aithneachadh gu bheil feuman eadar-dhealaichte aig gach euslainteach, agus sin a' gabhail a-steach an cànan as fheàrr leotha a bhith bruidhinn, agus nì sinn nas urrainn dhuinn gus bruidhinn ri euslaintich ann an Gàidhlig co-dhiù an ann tro sheirbheis-fòn Ghàidhlig no le luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.

Sa Phlana Ghàidhlig seo, tha sinn a' foillseachadh cuid de na prìomh dhòighean-obrach is geallaidhean a tha sinn an dùil a choileanadh gus Gàidhlig fhighe a-steach don bhuidhinn againn. Ann a bhith dèanamh sin, tha sinn ag amas air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a chur am meud, agus inbhe a' chànain a dhèanamh tèarainte.

Pauline Howie
Àrd-oifigear

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 4	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

2. Ro-ràdh

Sealladh air dleastanasan Seirbheis Ambaileans na h-Alba

Ar dleastanasan

Tha Seirbheis Ambaileans na h-Alba (cuideachd air ainmeachadh mar ‘An t-Seirbheis’ sa Phlana seo) na Bhòrd Slàinte Spèisealta agus na sheirbheis nàiseanta stèidhichte ann an 150 àiteachan le còig Roinnean Obrach. Tha an t-Seirbheis a-nis suidhichte ann an ionadan còmhla ri Seirbheisean Nàiseanta na h-Alba, SNS 24, Slàinte na h-Alba, Leasachadh Cùram-slàinte na h-Alba, seirbheisean Taobh a-muigh nan Uairean aig Bùird SNS agus ann an ospadalan is ionadan dotair. Mar sin, tha sinn a’ frithealadh air sgìre nas motha na seirbheis ambaileans sam bith eile san Rìoghachd Aonaichte.

Mar sheirbheis a tha mar phàirt de Sheirbheis Nàiseanta na Slàinte ann an Alba agus a tha toirt ciad-chùram gu tric do dhaoine, tha Seirbheis Ambaileans na h-Alba a’ toirt seachad sheirbheisean èiginneach is an làrach nam bonn agus air am planadh do dhaoine air feadh tìr-mòr is eileanan na h-Alba.

Tha 4,400 neach-obrach air leth sgileil ag obair don t-Seirbheis agus, còmhla ri 1,200 neach saor-thoileach, bidh iad a’ frithealadh air còrr is 700,000 suidheachadh èiginneach agus deatamach gach bliadhna, agus bidh iad a’ dèanamh 1.1 millean turas 's iad a’ giùlan euslaintich agus bidh na h-ambaileansan-adhair a’ dèanamh 3,500 turas sa bhliadhna. Bidh cuid mhath den luchd-obrach againn a’ dèiligeadh ris na h-euslaintich fhèin, me, Luchd-cùraim Ambaileans, Teicneòlaichean, Luchd-taice Meidigeach agus an Luchd-obrach Fòn. Bidh daoine ann an dreuchdan eile a’ toirt taic don t-seirbheis, me, roinn an ionmhais, sgiobachd msaa.

Bidh Seirbheis Ambaileans na h-Alba a’ faighinn còrr is 99% den mhaoineachadh againn bho Riaghaltas na h-Alba. Ann an 2015/16 thathar an dùil gum bi £214 millean sa bhuidseat-obrachaidh againn agus gum bi buidseat-calpa againn luach £10 millean.

Structar na Buidhne

Tha an t-Seirbheis air a stiùireadh le Bòrd Stiùiridh agus tha còig roinnean obrach againn: Tuath, An Ear-Mheadhan, An Iar-Mheadhan, Earra-dheas agus Iar-dheas. Tha sgioba stiùiridh fa leth aig gach roinn. Tha luchd-obrach corporra stèidhichte nar prìomh oifis nàiseanta a bhios a’ dèiligeadh ri nithean mar ionmhas is ag eagrachadh ghoireasan is stuthan, sgiobachd, cùisean is conaltradh corporra, agus Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh agus bheir iad taic do na sgiobaidhean ionadail againn.

Stèiseanan is oifisean na seirbheis

Tha Prìomh Oifis na Seirbheis aig Ceàrnag a’ Ghyle, 1 Corran Gyle a Deas, Dùn Èideann, EH12 9EB.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 5	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Tha oifisean cuideachd anns gach roinn obrach. Tha am mapa ann an Eàrr-ràdh 1 a' sealltainn far a bheil luchd-obrach Seirbheis Ambaileans na h-Alba stèidhichte ann an Alba.

A' frithealadh air a' phoball

Mar sheirbheis a tha mar phàirt fìor chudromach de Sheirbheis Nàiseanta na Slàinte ann an Alba, bidh sinn a' toirt seachad sheirbheisean èiginneach is an làrach nam bonn agus air am planadh agus sinn a' frithealadh air còrr is 5 millean neach air feadh tìr-mòr is eileanan na h-Alba agus sinn a' toirt taic do 14 Bùird Shlàinte sgèireil.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus a' cur fios-plana

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba ann an 2005. Tha e na amas dhi inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla.

'S e aon de na h-earrainnean as cudromaiche de Achd 2005, an cumha a tha toirt ùghdarras do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cumha sin a dhealbh gus dèanamh cinnteach gun cuidicheadh an roinn phoblach ann an Alba le bhith gleidheadh na Gàidhlig san àm ri teachd agus iad a' togail inbhe is iomhaigh a' chànan agus a' cruthachadh chothroman pragtaigeach gus an cànan a chleachdadh.

Thug Bòrd na Gàidhlig fios-plana don t-Seirbheis air 30 Sultain 2014 ag iarraidh oirnn Plana Gàidhlig ullachadh agus a chur a-steach chun a' Bhùird ro 28 Gearran 2016. Chaidh am Plana deireannach a chur a-steach thuca air 17 Samhain 2016 agus chuir am Bòrd aonta ris air 7 Dùbhlachd 2016.

Tha an t-Seirbheis ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt chudromach de dhualchas, dùthchas is cultar na h-Alba agus gu bheil i air a cleachdadh gu làitheil ann an coimhearsnachdan agus sgoiltean air feadh Alba. Tha an t-Seirbheis a' toirt ar làn-thaice do na cinn-uidhe sa Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig agus seach nach eil sinn air obair a dhèanamh a thaobh seo roimhe, tha sinn a' gabhail ris gum feum sinn adhartas a dhèanamh ceum air cheum agus tha sinn air am prionnsapal sin a chur an sàs sa chiad phlana againn.

Tha an t-Seirbheis a' tuigsinn gu bheil cor na Gàidhlig air stèidh gu math cugallach agus ma tha a' Ghàidhlig a' dol a mhaireachdainn agus a dhol am feabhas mar chànan beò ann an Alba, feumaidh an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt a' chànan uile obair còmhla gus:

- inbhe na Gàidhlig àrdachadh
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh
- cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 6	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Chaidh Plana Gàidhlig Seirbheis Ambaileans na h-Alba ullachadh a rèir frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar n-obair, mar a bheir sinn cothrom do dhaoine air Gàidhlig a chleachdadh nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh luchd-compàirt, agus mar a tha sinn a' dol a bhrosnachadh agus a' dol a thoirt na Gàidhlig air adhart.

Chaidh am Plana ullachadh a rèir nan cumhachan reachdail ann an Achd 2005, agus thugadh fa-near don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh airson a bhith Dealbh Phlanaichean Gàidhlig.

Sùil fharsaing air a' Ghàidhlig ann an Alba

Tha còrr is 87,000 neach ann an Alba an-dràsta aig a bheil comas sa Ghàidhlig agus 's urrainn cha mhòr 60,000 dhiubh sin Gàidhlig a bhruidhinn. Bho 1991 tha fianais air a bhith ann gu bheil an ìre aig a bheil Gàidhlig a' crìonadh air tuiteam agus gu bheil àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig air tòiseachadh a' dol suas. Tha e soilleir gu bheil tòrr ri dhèanamh fhathast ma tha fàs seasmhach gu bhith ann.

Tha na clàran fo Eàrr-ràdhan 2 is 3 a' sealltainn cia mheud neach as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh agus tha fiosrachadh ann mun àireamh chloinne a tha ann am foghlam tron Ghàidhlig (FtG) is ann am foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig. Le barrachd chothroman air foghlam tron Ghàidhlig tha barrachd chloinne is daoine òga a' cleachdadh Gàidhlig a-nis mar a tha follaiseach bho Chunntas-sluaigh 2011. Fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, tha barrachd chòraichean aig pàrantan le clann fo aois-sgoile a thaobh foghlam Gàidhlig agus faodaidh iad iarrtas a chur a-steach airson Foghlam tron Ghàidhlig don cuid chloinne. Tha bun-sgoiltean Gàidhlig ann an Dùn Èideann, Glaschu, an Gearasdan agus Inbhir Nis agus tha barrachd iarrtais ann bho phàrantan airson FtG. Ged a tha barrachd luchd-labhairt na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar agus air a' Chost an Iar, tha barrachd is barrachd dhaoine ann am meadhan na h-Alba ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh.

Tha am mapa fo Eàrr-ràdh 4 a' sealltainn far a bheil foghlam tron Ghàidhlig ga thoirt seachad ann an Alba, agus tha am mapa fo Eàrr-ràdh 5 a' sealltainn far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

Buidhnean Gàidhlig

Tha tòrr bhuidhnean Gàidhlig ann an Alba a tha toirt seirbheis no taic seachad. Tha na leanas mar dhealbh aithghearr air cuid de na buidhnean a th' ann aig an àm a chaidh am Plana seo a sgrìobhadh.

- **Bòrd na Gàidhlig**

Tha Bòrd na Gàidhlig na bhuidhinn phoblaich neo-roinneil ris a bheil e an urra Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh agus inbhe na Gàidhlig a ghleidheadh mar chànan oifigeil ann an Alba a tha a' faighinn spèis a tha co-

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 7	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

ionann ris an spèis a th' ann don Bheurla. Tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus a' Ghàidhlig adhartachadh agus a' strì ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba, muinntir na h-Alba agus na buidhnean Gàidhlig gus piseach a thoirt air cor a' chànain air feadh Alba.

- **BBC Alba**

'S e sianal didseatach Gàidhlig a th' ann am BBC Alba a bhios a' craoladh phrògraman airson suas gu seachd uairean a thìde gach latha.

- **BBC Radio nan Gàidheal**

'S e stèisean rèidio Breatannach a th' ann am BBC Radio nan Gàidheal a bhios a' craoladh phrògraman Gàidhlig.

- **Comunn na Gàidhlig**

'S e buidheann leasachaidh a th' ann an Comunn na Gàidhlig a bhios ag obair aig ìre ionadail, sgìreil agus nàiseanta agus tha iad ag obair thairis air trì roinnean obrach, Na h-Eileanan Siar, Ceann a Tuath agus Ceann a Deas na h-Alba, agus tha oifisean aca ann an Inbhir Nis, Steòrnabhagh agus Glaschu.

- **An Comunn Gàidhealach**

'S e an Comunn Gàidhealach a' bhuidheann Ghàidhlig as sine. Chaidh a stèidheachadh ann an 1891 gus taic a chumail ri cànan, cultar, eachdraidh is dualchas nan Gàidheal aig ìre ionadail, nàiseanta agus eadar-nàiseanta. Bidh an Comunn Gàidhealach a' cur air dòigh is a' ruith a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail gach bliadhna.

- **Fèisean nan Gàidheal**

Bidh Fèisean nan Gàidheal a' toirt taic do dh'fhèisean ealain Gàidhlig a tha stèidhichte ann an coimhearsnachdan air feadh Alba.

- **Sabhal Mòr Ostaig**

Tha Sabhal Mòr Ostaig na Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig agus tha e na ionad com-pàirteach acadaimigeach ann an Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

- **Comhairle nan Leabhraichean**

'S e a th' ann an Comhairle nan Leabhraichean, a' bhuidheann nàiseanta airson litreachas na Gàidhlig.

Gheibhear buidhnean ionadail air feadh Alba, mar eisimpleir tha tòrr chòisirean Gàidhlig ann an Alba.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 8	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Gàidhlig san t-Seirbheis

Tha e na amas don t-Seirbheis fiosrachadh a chruinneachadh, a chumail agus fhoillseachadh a thaobh nan nithean a leanas:

1. An àireamh luchd-obrach as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn
2. An àireamh luchd-obrach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig
3. An àireamh luchd-obrach a tha air a ràdh gun còrdadh e riutha sgilean Gàidhlig ionnsachadh
4. An àireamh luchd-obrach le sgilean litearraais Gàidhlig
5. An àireamh luchd-obrach a tha airson trèanadh fhaighinn a bheir dhaibh barrachd fiosrachaidh mun Ghàidhlig

Comasan taobh a-staigh na buidhne

Cha do rinn an t-Seirbheis sgrùdadh fhathast air na comasan Gàidhlig a th' aig ar luchd-obrach a thaobh a bhith ga bruidhinn, ga leughadh is ga sgrìobhadh. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e sin a dhèanamh agus tha sinn air a chur romhainn sgrùdadh a dhèanamh taobh a-staigh 12 mìos bho gheibh am Plana Gàidhlig aonta.

Taobh a-staigh SNS na h-Alba, tha Planaichean Gàidhlig aig SNS na Gàidhealtachd agus SNS nan Eilean Siar. Aig an àm a chaidh am Plana seo a sgrìobhadh, bha 59 ùghdarrasan poblach ann an Alba a bha ag ullachadh no a' toirt Plana Gàidhlig gu buil.

Co-chomhairleachadh air an dreachd den Phlana Ghàidhlig againn

Fo Achd 2005 feumaidh buidhnean poblach a tha ag ullachadh Plana Gàidhlig aire a h-uile duine aig am biodh ùidh ann a tharraing chun a' Phlana. Tha an t-Seirbheis air beachdan a shireadh bhon phoball air an dreachd den Phlana Ghàidhlig againn. Chaidh sanasachd a dhèanamh air an dreachd den Phlana Ghàidhlig air làrach-lìn Seirbheis Ambaileans na h-Alba agus tro na meadhanan sòisealta. Cuideachd, chaidh grunn choinneamhan a chumail le buill den phoball agus le luchd-ùidhe gus bruidhinn air a' Phlana agus gus beachdan a shireadh air. Cuideachd, ghabh luchd-obrach pàirt ann a bhith ag ullachadh a' phlana tro choinneamhan, aig an Fhòram Chom-pàirteach Nàiseanta agus tro cheanglaichean a thugadh seachad air làrach an eadra-lìon againn.

Chaidh ealla a ghabhail ri beachdan a fhuaras bhon phoball, luchd-obrach agus bho luchd-ùidhe rè ùine a' cho-chomhairleachaidh.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 9	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

3. Am Plana Gàidhlig an lùib an structair chorporra

Cuiridh an t-Seirbheis am Plana Gàidhlig an gnìomh air feadh gach raon obrach agus nì sinn cinnteach gun tèid gach cothrom a ghabhail aig ìre thràth gus Gàidhlig fhighe a-steach don obair làitheil againn. Thèid sin a dhèanamh mean air mhean thairis air na còig bliadhna a bhios am plana ga chur an gnìomh.

Tha an t-uallach gus am Plana Gàidhlig a thoirt gu buil air an Àrd-oifigear agus tha e an urra ris an Stiùiriche airson Sgiobachd is Leasachadh na Buidhne gus dèanamh cinnteach gun tèid am Plana a chur an gnìomh.

Bidh e an urra ris a' Mhanaidsear Co-ionannachd dèanamh cinnteach gun tèid am Plana a lìbhrigeadh bho latha gu latha.

Thèid cur-an-gnìomh a' Phlana Ghàidhlig a sgrùdadh agus a mheasadh le Comataidh Riaghladh an Luchd-obrach.

Bidh cothrom follaiseach air a' Phlana Ghàidhlig air làrach-lìn Seirbheis Ambaileans na h-Alba. Tha an t-Seirbheis cuideachd air a chur roimhe sin a dhèanamh follaiseach don luchd-obrach gu cunbhalach. Cuideachd, thèid seo a shanasachd gu cunbhalach am measg euslaintich/buill den phoball agus luchd-compàirt leis a bheil sinn ag obair. Cuideachd nithear sanasachd air a' phlana am measg luchd-obrach tro Bhrath-fiosrachaidh an Àrd-oifigeir agus tro ar n-eadra-lìon.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 10	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

4. Gàidhlig an lùib Planaidh is Phoileasaidhean agus a' Dèanamh Ceangal ri Prìomhachasan Nàiseanta

A' dèanamh Gàidhlig na pàirt riatanach de phoileasaidhean Seirbheis Ambaileans na h-Alba

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi na h-euslaintich againn sàbhailte fo ar cùram, gum faigh iad leigheas a bheir buaidh mheidigeach cheart dhaibh agus gum bithear a' frithealadh air gach neach fa leth a rèir nam feuman a th' aca. Ann a bhith dèanamh sin, tha sinn ag aithneachadh gum feum e a bhith comasach dhuinn conaltradh ri euslaintich ann an Gàidhlig nuair as i a' Ghàidhlig a' chiad chànan aca. Cuidichidh sin le bhith dèanamh cinnteach gum faigh ar n-euslaintich seirbheis nas fheàrr. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil e cudromach gun dèilig sinn ris gach euslainteach mar neach fa leth aig am bi feum 's dòcha air taic shònraichte bhuainn. Gus dèanamh cinnteach gu bheil ar seirbheis ag amas air feuman gach neach fa leth tha sinn a' gabhail ris gu bheil euslaintich ann leis am b' fheàrr Gàidhlig a chleachdadh gus conaltradh rinn agus nì sinn cinnteach gum faigh iad cothrom sin a dhèanamh tro sheirbheis-fòn no le luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.

Tha sinn a' tuigsinn nach eil e gu leòr a bhith dìreach ag ràdh rudan sa Phlana Ghàidhlig ma tha sinn a' dol a choileanadh ar n-amasan airson na Gàidhlig, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh air a' Ghàidhlig gach cothrom a bhios ann ma tha Gàidhlig gu bhith fìchte gu daingeann anns na nì sinn bho latha gu latha.

Bithear a' dealbh is ag ùrachadh phoileasaidhean a rèir fheuman na Seirbheis agus bheir iad buaidh air a' chùram a bheir sinn do na h-euslaintich againn agus air obair ar luchd-obrach. Beachdaichidh manaidsearan air a' Ghàidhlig, agus mar a tha i air a cleachdadh, nuair a tha iad ag ath-sgrùdadh agus a' dealbh phoileasaidhean gus measadh a dhèanamh air a' bhuaidh a bheireadh iad air a' Ghàidhlig agus air na cothroman a th' ann gus seirbheisean no goireasan Gàidhlig a leudachadh no a leasachadh.

Am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig

'S e as motha as adhbhar don Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig airson 2012-2017 an àireamh de dhaoine a tha ag ionnsachadh, a' bruidhinn agus a' cleachdadh Gàidhlig ann an Alba a chur am meud agus cothrom a thoirt air cànan is cultar na Gàidhlig.

Tha am plana a' cur prìomh thoraidhean an cèill agus 's iad na dhà as motha a bhuineas ris an t-Seirbheis:

- Coimhearsnachdan

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 11	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Barrachd chothroman do choimhearsnachdan is lìonraidhean de gach seòrsa de luchd-labhairt na Gàidhlig gus Gàidhlig a chleachdadh agus barrachd Gàidhlig ga cleachdadh an lùib thachartasan is seirbheisean coimhearsnachd.

- An t-Àite-obrach
Gàidhlig air a cleachdadh barrachd ann an àiteachan-obrach agus barrachd chothroman obrach far a bheil feum air sgilean Gàidhlig gus seirbheisean a lìbhrigeadh tron chànan.

Chithear am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig air làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig tro na ceanglaichean gu h-ìosal.

<http://www.gaidhlig.org.uk/bord/am-bord/bord-na-gaidhlig/plana-naiseanta-canain-gaidhlig/> (Gàidhlig)

<http://www.gaidhlig.org.uk/bord/en/the-bord/about-bord-na-gaidhlig/national-gaelic-language-plan/> (Beurla)

Prìomhachasan Riaghaltas na h-Alba

Tha Riaghaltas na h-Alba air builean nàiseanta a stèidheachadh agus tha Seirbheis Ambaileans na h-Alba air a chur romhpa cuideachadh le bhith coileanadh nam builean sin ann a bhith ag ullachadh a' Phlana Ghàidhlig seo. Bheir an obair a nì sinn gus ar n-amasan a choileanadh buaidh air na builean nàiseanta a leanas:

- Tha coimhearsnachdan làidir, seasmhach is taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail cùram mu dè nì iad agus dè bhuidh a dh'fhaodadh sin a thoirt air càch
- Tha ar n-eaconamaidh air àirde a ruighinn le barrachd chothroman obrach agus cothroman obrach nas fheàrr do ar sluagh
- Tha sinn beò nas fhaide, agus tha sinn nas fallaine
- Tha sàr sheirbheisean poblach againn, a tha a' sìor fhàs nas fheàrr, agus a tha èifeachdach agus mothachail air feumalachdan dhaoine aig an ìre ionadail
- Tha sinn moiteil à dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus in-ghabhalach

Prìomhachasan ionadail

Tha ar frèam-obrach ro-innleachdail airson còig bliadhna, “Gu Ruige 2020: A' Toirt Cùram chun an Euslaintich”, a' mineachadh mar a tha sinn an dùil ar n-obair a dhèanamh gus taic a thoirt do dh'amasan nàiseanta airson sàr chùram a tha èifeachdach, sàbhailte agus ag amas air feuman dhaoine.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 12	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Tha e na amas dhuinn ro 2020:

- Gum bi toraidhean nas fheàrr ann do dh'euslaintich – gu h-àraidh a thaobh cùram airson a' chridhe, sgànradh, stròcan, slàinte-inntinn, tinneas analachaidh, daoine a tha lag agus daoine a thuiteas;
- Gum bi fianais ann gu bheil atharrachadh air tighinn air an uiread cùraim a gheibh euslaintich san dachaigh aca fhèin le bhith toirt cùram thuca;
- Gun tèid ar sgilean leighis a leasachadh mar phrìomh bhuidheann chom-pàirteach a tha ag obair le prìomh is dàrna seirbheisean cùraim;
- Gun tèid ar Seirbheis a leasachadh mar phrìomh bhuidheann chom-pàirteach aig na Bùird Chom-pàirteach ùra;
- Gun obraich sinn còmhla ri luchd-compàirt eile, a' gabhail a-steach an roinn shaor-thoileach agus seirbheisean-èiginn nan 'solas gorma', gus cuideachadh le bhith stèidheachadh sheirbheisean co-roinnte agus le ath-leasachadh nan seirbheisean poblach;
- Gun tèid coimhearsnachdan seasmhach a thogail is a neartachadh;
- Gun tèid leudachadh air ar comasan gus tinneasan is euslaintean aithneachadh le cinnt agus a' cleachdadh teicneòlas gus piseach a thoirt air cùram do dh'euslaintich; agus
- Gun cuir sinn air dòigh Seirbheis Còmh-dhail do dh'Euslaintich a tha nas sùbailte, nas aonaichte agus a' freagairt nas fheàrr air feuman dhaoine.

Aig ìre phragtaigeach tha sinn den bheachd gun cuidich ar Plana Gàidhlig le bhith coileanadh ar n-amasan agus e a' leudachadh nan comasan a th' againn gus conaltradh ri ar n-euslaintich agus thèid coimhearsnachdan a neartachadh ri linn sin. Tha sinn a' gabhail ris gu bheil e fìor chudromach gun dèanar conaltradh ann an Gàidhlig ri euslaintich aig a bheil a' Ghàidhlig mar chiad chànan agus aig a bheil duilgheadasan conaltraidh 's dòcha, mar eisimpleir, air sàillibh tinneas-inntinne, sròc msaa, agus ma thèid ar comasan a thaobh sin a leudachadh, cuidichidh sin sinn le bhith libhrigeadh thoraidhean nas fheàrr.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 13	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

5. Geallaidhean a' Phlana

Geallaidhean Àrd-ìre

Airson gach gealladh, tha sinn a' sealltainn na h-aon spèis do Ghàidhlig agus Beurla agus thèid cothrom follaiseach a thabhann do dh'euslaintich gu cunbhalach air a' Ghàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig daoine Gàidhlig a chleachdadh ma tha iad ag iarraidh, no ma dh'fheumas iad, sin a dhèanamh.

Coimhearsnachdan

1. Ag obair còmhla ri buidhnean Gàidhlig is ùghdarrasan poblach gus àrdachadh a thoirt air inbhe, cleachdadh agus togail na Gàidhlig

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	Chan eil SAA ag obair còmhla ri buidhnean Gàidhlig an-dràsta.			
a) A' comharrachadh prìomh bhuidhnean Gàidhlig agus ag obair còmhla riutha gus piseach a thoirt air ar seirbheisean agus ag obair còmhla ri ùghdarrasan poblach aig a bheil Planaichean Gàidhlig gus cuideachadh le bhith stèidheachadh sheirbheisean co-roinnte agus le ath-leasachadh nan seirbheisean poblach			Manaidsear Co-ionannachd Stiùiriche airson Cùram, Càileachd is Leasachadh Ro-innleachdail	Bhon àm a thòisicheas am plana
b) Tha SAA ag amas air luchd ciad-chùraim le Gàidhlig fhasadh a chleachdas Gàidhlig ann an			Manaidsear airson Choimhearsnachdan Làidir	Bhon àm a thòisicheas am plana

coimhearsnachdan				
------------------	--	--	--	--

An t-Àite-obrach

1. A' dèanamh sgrùdadh air comasan Gàidhlig an luchd-obrach agus na feuman trèanaidh aca mar phàirt den ullachadh airson a' Phlana taobh a-staigh a' chiad bhliadhna de thoirt-gu-buil a' Phlana

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	Cha deach sgrùdadh a dhèanamh gus feuman trèanaidh a chomharrachadh			
a) Thèid sgrùdadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig gus tomhas dè na sgilean a th' aig daoine, dè an t-iarrtas a th' ann airson trèanadh ann an sgilean Gàidhlig agus gus faicinn a bheil cùisean no trioblaidean a tha luchd-obrach airson a thogail a thaobh a bhith togail sgilean Gàidhlig.	Sgrùdadh a dhèanamh air luchd-obrach is luchd-obrach saor-thoileach	Bidh an sgrùdadh deiseil agus thèid breithneachadh a dhèanamh air na toraidhean	Manaidsear Co-ionannachd	Taobh a-staigh bliadhna bho gheibh am Plana seo aonta
b) Aithisg bhon sgrùdadh air a h-ullachadh agus air a cleachdadh airson innse dè tha dhìth anns a' phlana trèanaidh	Sgrùdadh a dhèanamh air luchd-obrach is luchd-obrach saor-thoileach	Bidh an aithisg ri faotainn	Manaidsear Co-ionannachd	Taobh a-staigh bliadhna bho gheibh am Plana seo aonta

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 15	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

2. A' cleachdadh luchd-obrach le sgilean Gàidhlig gus conaltradh tron Ghàidhlig a dhèanamh ri daoine ann an coimhearsnachdan is ri sgoiltean Gàidhlig agus gus seirbheisean saoranachd tron Ghàidhlig a thabhann do sgoiltean far a bheil foghlam Gàidhlig is foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	Cha bhithear an-dràsta a' beachdachadh air luchd-obrach a chleachdadh gus feum a dhèanamh de na sgilean Gàidhlig aca			
a) A' cruinneachadh dàta gu h-ionadail le clàr-sgilean gus an urrainn do luchd-obrach/luchd saor-thoileach le sgilean Gàidhlig tadhal air sgoiltean	A' toirt seachad trèanadh / 'Heartstart' ann an sgoiltean agus sinn a' cleachdadh Gàidhlig	Thèid clàr-sgilean a stèidheachadh	Prìomh Oifigearan airson Fòcas air Euslaintich is Coluadar Poblach Sgioba airson Choimhearsnachdan Làidir	Taobh a-staigh bliadhna bho gheibh am Plana seo aonta
b) Ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus sgoiltean a chomharrachadh far a bheil foghlam Gàidhlig is foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ga thoirt seachad	A' cleachdadh an fhiosrachaidh seo gu h-ionadail gus cuideachadh le ar planaichean airson trèanadh a thoirt seachad	Fiosrachadh ùr air a chruinneachadh	Manaidsear Co-ionannachd	Faoilleach 2017

3. Gus cuideachadh le bhith coileanadh a' Phlana seo, bheir sinn gu buil plana trèanaidh airson mothachadh air a' Ghàidhlig agus sgilean Gàidhlig stèidhichte air toraidhean an sgrùdaidh air comasan Gàidhlig

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	Chan eil trèanadh no ionnsachadh ann an Gàidhlig ga thabhann don luchd-obrach an-dràsta			
a) Thèid trèanadh airson mothachadh	Bidh plana trèanaidh ann	Bidh gnìomhan a tha rin dèanamh sa Phlana	Manaidsear Co-ionannachd	Bhon dàrna bliadhna den phlana air adhart

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21

Duilleag 16

Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd

Ceann-latha: 21 Gearran 2017

Tionndadh 1.0

Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

air a’ Ghàidhlig is sgilean Gàidhlig a thabhann agus sin a rèir toraidhean an sgrùdadh air sgilean Gàidhlig				
b) Thèid plana trèanadh Gàidhlig a thoirt gu buil	Bidh prìomhachas iomchaidh ga chur air trèanadh airson mothachadh air a’ Ghàidhlig a rèir nan toraidhean a gheibhear bhon sgrùdadh air sgilean Gàidhlig le prìomhachas ga chur air sgilean- conaltraidh am measg luchd- obrach ann an seirbheisean a tha dèiligeadh ris a’ mhòr-shluagh. Thèid trèanadh ann an sgilean Gàidhlig a thoirt seachad agus an- toiseach bidh prìomhachas air sgìrean le Foghlam tron Ghàidhlig no coimhearsnachdan far a bheil 20% no barrachd den t- sluagh a’ cleachdadh Gàidhlig.	Bidh gnìomhan a tha rin dèanamh sa Phlana	Manaidsear Co- ionannachd	Bhon dàrna bliadhna den phlana air adhart

Ìomhaigh chorporra

1. Nuair a bhios a’ chiad chothrom ann, nuair a bhios suaicheantas ùr ga chruthachadh no nuair a thèid ùrachadh, cruthaichidh sinn suaicheantas corporra dà-chànanach (Gàidhlig is Beurla) a sheallas spèis cho-ionann don

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 17	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

dà chànan, airson a chleachdadh air feadh na Seirbheis, agus an àite suaicheantas sam bith a bh' ann roimhe

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	Tha mar a thèid suaicheantas na Seirbheis a chleachdadh fo rian oifis a' Chrùin			
a) Nuair a bhios suaicheantas ùr a dhìth, thèid suaicheantas corporra dà-chànanach (Gàidhlig is Beurla) a chruthachadh a sheallas spèis cho-ionann don dà chànan, airson a chleachdadh air feadh na Seirbheis, agus an àite suaicheantas sam bith a bh' ann roimhe. Tha seo a' buntainn ris an ìomhaigheachd chorporra a chaidh aontachadh ann an 2015 agus tha e a' gabhail a-steach "Seirbheis Ambaileans na h-Alba A' toirt cùram chun an euslaintich"		Suaicheantas corporra dà-chànanach ann	Ceannard Chùisean Corporra is Coluadair	Nuair a bhios a' chiad chothrom ann agus nuair a bhios Seirbheis Ambaileans na h-Alba ag ùrachadh ìomhaigheachd na buidhne agus thèid an suaicheantas a chleachdadh air feadh na seirbheis

2. A' toirt àrdachadh air inbhe na Gàidhlig ann an Alba le bhith cruthachadh shoidhnichean dà-chànanach (Gàidhlig is Beurla) nuair a bhios feum air soidhnichean ùra - a' gabhail a-steach togalaichean, carbadan, èideadh agus nithean eile a sheallas spèis cho-ionann don dà chànan

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 18	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	Nuair a thèid ionad/togalach ùr a thogail no ionad ùrachadh, thèid ainm SAA a shealltainn ann an Gàidhlig is Beurla			
a) Nuair a bhios soidhnichean ùra a dhìth, cruthaichidh sinn feadhainn dà-chànanach (Gàidhlig is Beurla) a sheallas an aon spèis don dà chànan		Gàidhlig nas follaisiche air togalaichean, carbadan, èideadh msaa.	Ceannard Chùisean Corporra is Coluadair Manaidsear na h-Oighreachd	Bhon àm a thòisicheas am Plana, ceum air cheum
b) Coimheadaidh sinn airson cothroman ùra agus soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh, me, soidhnichean a-staigh	Thèid soidhnichean dà-chànanach a shealltainn nuair a ghabhas sin dèanamh	Bidh soidhnichean dà-chànanach rim faicinn	Manaidsear na h-Oighreachd	Bhon chiad bhliadhna agus fad ùine a' Phlana

3. A' cruthachadh siostam trom faod luchd na Gàidhlig conaltradh a dhèanamh ris an t-Seirbheis tron Ghàidhlig, stèidhichte air na prionnsapalan gum bi cothrom follaiseach ann agus spèis cho-ionann ga shealltainn don Ghàidhlig agus a' Bheurla

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	Faodaidh daoine Gàidhlig a chleachdadh le bhith fònadh gu seirbheis-fòn			
a) Bidh iomradh soilleir air an làrach-lìn gum faodar conaltradh rinn ann an Gàidhlig tro sheirbheis-fòn. Leis an t-seirbheis seo,		Cothrom nas fheàrr aig luchd-labhairt na Gàidhlig conaltradh ris an t-Seirbheis	Manaidsear Co-ionannachd	Faoilleach 2017

faodaidh luchd-obrach taic fhaotainn bho eadar-theangair air a' fòn.				
b) Thèid siostam a stèidheachadh gus sealltainn do dh'euslaintich agus don phoball nuair a tha sgilean Gàidhlig aig luchd-obrach.	Barrachd Gàidhlig ga bruidhinn	Bidh barrachd conaltraidh labhairteach ga dhèanamh tron Ghàidhlig	Sgiobaidhean Stiùiridh Ionadail	Bhon àm a thòisicheas am Plana

4. Barrachd Gàidhlig ga chleachdadh an lùib mhodhan-conaltraidh na Seirbheis

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	Chan eil stuthan clò-bhuailte na Seirbheis rim faotainn ann an Gàidhlig an-dràsta. Ma gheibhear iarrtas, thèid geàrr-chunntas a thoirt seachad air sgrìobhainn phoblaich sam bith againn ann an cànan eile.			
a) Bidh Gàidhlig ri faotainn tro sheirbheis-fòn		Bidh cothrom nas fheàrr aig luchd-labhairt na Gàidhlig air seirbheisean	Manaidsear Co-ionannachd	Gun dàil
a) Nì sinn sgrùdadh air fiosrachadh do dh'euslaintich/don phoball a tha ri fhaotainn an-dràsta agus comharraichidh sinn prìomh stuthan a tha air an cleachdadh tòrr le euslaintich / am poball agus luchd-obrach a tha dèiligeadh ris	Bidh stuthan rim faotainn ann an Gàidhlig agus thèid sanasachd fhollaiseach a dhèanamh orra, agus leanaidh an cleachdadh seo gus am bi cothrom nas fheàrr aig luchd-labhairt	Bidh cothrom aig euslaintich is am poball air stuthan agus nì iad feum dhiubh	Ceannard Chùisean Corporra is Coluadair	Prìomhachas ga chur air foirmichean airson ghearanan is bheachdan taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den Phlana

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 20	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

a' phoball, agus thèid an toirt seachad sa Ghàidhlig agus thèid sin a dhèanamh ceum air cheum.	na Gàidhlig orra			
--	---------------------	--	--	--

5. Nuair a bhios stuthan ùra a dhìth air an t-Seirbheis, thèid barrachd susbaint dhà-chànanach (Gàidhlig is Beurla) a chruthachadh airson stuthan pàipeir, puist-d agus susbaint an làraich-lìn a sheallas spèis cho-ionann don dà chànan

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
----------	------------	-----------------------	-----------------	----------

Na tha tachairt an-dràsta	Chan eil Gàidhlig a' nochdadh air stuthan pàipeir, ann am puist-d choitcheann no air an làrach-lìn.			
a) Bidh Gàidhlig mar phàirt de na brathan puist-d coitcheann againn a sheallas spèis cho-ionann don Ghàidhlig agus don Bheurla	Cleachdaidh luchd-obrach fiosrachadh corporra dà-chànanach aig bonn nam post-d aca		Ceannard Chùisean Corporra is Coluadair	Deireadh 2017
b) Cleachdaidh sinn barrachd Gàidhlig air ar làrach-lìn agus sna meadhanan sòisealta againn	A' cur ri cho follaiseach 's a tha a' Ghàidhlig. Bithear a' cur prìomhachas air duilleag-dachaigh an làraich-lìn.	Bidh Gàidhlig air a cleachdadh ann an dòigh fhollaiseach	Ceannard Chùisean Corporra is Coluadair	Bhon àm a thòisicheas am Plana

Geallaidhean a thaobh ìre seirbheis

Luchd-obrach

1. Tha SAA a' tuigsinn gu bheil e cudromach gum bi Gàidhlig air a faicinn mar sgil chudromach agus gun tèid suidheachaidhean a chomharrachadh far am bi e riatanach no na buannachd a cleachdadh. Tha SAA cuideachd ag

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 21	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

aithneachadh gu bheil e cudromach gum faigh luchd-obrach cothrom na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh ma tha iad airson sin a dhèanamh.

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	An-dràsta chan fheum sgilean Gàidhlig a bhith agad airson dreuchd sam bith aig SAA			
a) Comharraichidh sinn dreuchdan a bhios a' dèiligeadh ris a' phoball, far am biodh sgilean Gàidhlig nam buannachd. Mar eisimpleir, trèanadh 'Heartstart' air a lìbhrigeadh ann an sgoiltean Gàidhlig le luchd-obrach/luchd saor-thoileach le sgilean Gàidhlig	A' toirt sùil air tuairisgeulan obrach A' toirt prìomhachas do sgìrean far a bheil 20% no barrachd den t-sluagh a' bruidhinn Gàidhlig	Tuairisgeulan obrach a tha comharrachadh gu bheil sgilean Gàidhlig riatanach no nam buannachd	Manaidsear Trusaidh	Bhon àm a thòisicheas am Plana
b) Nì sinn sanasachd air cothroman trèanaidh is ionnsachaidh ann an Gàidhlig do luchd-obrach a' gabhail a-steach mothachadh air a' Ghàidhlig	Bidh seo air fhighe a-steach don phrìomh shiostam thrèanaidh againn	Bidh cothrom aig luchd-obrach air trèanadh. Cuiridh luchd-obrach crìoch air an trèanadh	Manaidsear Co-ionannachd	Bidh cothrom air goireasan trèanaidh taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den Phlana Bidh trèanadh ann airson mothachadh air a' Ghàidhlig san dàrna bliadhna
c) Bidh stòr-dàta air a chumail le clàr de dhaoine le sgilean Gàidhlig, fiosrachadh mu thrèanadh a tha dhìth agus mu	Thèid seo a dhèanamh às dèidh an sgrùdadh air sgilean	Thèid clàr a chumail den àireamh luchd-obrach le sgilean Gàidhlig	Manaidsear Co-ionannachd	San dàrna bliadhna den Phlana

thrèanadh a rinn daoine				
d) Obraichidh sinn a-mach mar a ghabhas sgilean Gàidhlig a dhèanamh nam pàirt den fhrèam eòlais is sgilean (KSF) agus de bhith dealbh thuairisgeulan obrach	Bidh iomradh air sgilean Gàidhlig tron KSF airson tuairisgeulan obrach far an deach sgilean Gàidhlig a chomharrachadh mar bhuannachd	Bidh iomradh ga thoirt air sgilean Gàidhlig mar mhodh-obrach àbhaisteach	Ceannard Riaghladh Luchd-obrach	Bhon àm a thòisicheas am Plana
e) Bheir sinn trèanadh is goireasan mar thaic don luchd-obrach a tha an sàs ann a bhith toirt Plana Gàidhlig SAA gu buil		Na goireasan a thèid a thoirt seachad	Manaidsear Co-ionannachd	Mus tèid am Plana a chur an gnìomh agus nuair a thathar ga chur an gnìomh
f) Bidh an suaicheantas dà-chànanach ga shealltainn ann an sanasan trusaidh agus bidh sanasan dà-chànanach ann airson dreuchdan far a bheil sgilean Gàidhlig riatanach.		Bidh an suaicheantas air a chleachdadh gu cunbhalach	Manaidsear Trusaidh	Aon uair 's gu bheil suaicheantas ùr ann

Obair làitheil is conaltradh

2. Tha SAA a' tuigsinn gu bheil e cudromach gun tèid cothroman a chruthachadh gus Gàidhlig a chleachdadh ann an taghadh farsaing de shuidheachaidhean àbhaisteach agus tha e na amas dhuinn cur ris na cothroman sin

Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Clàr-ama
Na tha tachairt an-dràsta	An-dràsta tha cothrom ann Gàidhlig a chleachdadh tro sheirbheis-fòn ma tha euslaintich a' fònadh 999 no a' gleidheadh seirbheis chòmhdhail agus airson buill den phoball a tha airson bruidhinn ris an t-Seirbheis. Gu ruige seo cha deach gin a choinneamhan poblach a chumail far			

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21

Duilleag 23

Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd

Ceann-latha: 21 Gearran 2017

Tionndadh 1.0

Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

	am b' urrainn do dhaoine pàirt a ghabhail tron Ghàidhlig nam b' fheàrr leotha sin, ach bithear a' faighneachd do dhaoine gu cunbhalach ro choinneamhan a bheil taic conaltraidh shònraichte a dhìth orra gus pàirt a ghabhail. Chan eil gin a dh'fhoirmichean dà-chànanach againn an-dràsta.			
a) Tha obair ga dèanamh an-dràsta gus na h-uidheaman eileagtronaigeach sa chab aig ambaileansan ùrachadh. Thathar a' coimhead air dòighean san urrainnear seirbheisean eadar-theangachaidh fhaighinn. Thèid Gàidhlig a chur ri liosta de chànanan a bhios rim faotainn.	Barrachd cothruim air seirbheisean eadar-theangachaidh ann an Gàidhlig do dh'euslaintich/don phoball	Barrachd Gàidhlig ga cleachdadh	Teicneòlas-taice - Manaidsear a' Phrògram	Ro dheireadh a' chiad bhliadhna den Phlana
b) Thèid fiosrachadh dà-chànanach a chur air cairtean-aithneachaidh aig luchd-obrach aig ionadan-fàilte a tha airson sealltainn gu bheil Gàidhlig aca.	Gum bi barrachd Gàidhlig ga bruidhinn	Bidh luchd-obrach air roghnachadh sealltainn gu bheil Gàidhlig aca	Ceannard Chùisean Corporra is Coluadair	San dàrna bliadhna den Phlana
c) Cumaidh sinn coinneamhan poblach far am faod daoine pàirt a ghabhail tron Ghàidhlig sna suidheachaidhean a leanas: - nuair a gheibh sinn iarrtas airson sin - nuair a gheibhear an t-iarrtas 3 seachdainean no	Daoine a bhrosnachadh gu bhith bruidhinn Gàidhlig	Thèid seirbheis eadar-theangachaidh mar-aon a thabhann ma gheibhear iarrtas	Manaidsear Co-ionannachd Riochdairean Ionadail airson Fòcas air Euslaintich is Coluadar Poblach	Bhon àm a thòisicheas am Plana

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21

Duilleag 24

Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd

Ceann-latha: 21 Gearran 2017

Tionndadh 1.0

Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

barrachd ron choinneimh - nuair a bhios a' choinneamh ga cumail ann an coimhearsnachd far a bheil co-dhiù 20% den choimhearsnachd a' cleachdadh Gàidhlig. Thèid coinneamhan a shanasachd co-dhiù 4 seachdainean ro-làimh gus an urrainn do dhaoine iarrtas a chur a-steach ron cheann-ama gu h-àrd.				
d) Thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an taghadh de dh'fhoirmichean cumanta agus bidh iad air am foillseachadh agus rim faotainn san dà chànan, me, foirmichean airson ghearanan	Barrachd cothruim a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig air stuthan foillsichte	Bidh barrachd fhoirmichean dà-chànanach ann	Ceannard Chùisean Corporra is Coluadair	Bidh prìomhachas ga thoirt do dh'fhoirmichean airson ghearanan is bheachdan sa chiad bhliadhna den Phlana

Follaiseachd

Tha Seirbheis Ambaileans na h-Alba ag aithneachadh gun urrainn dhuinn obair chudromach a dhèanamh ann a bhith cur ri cho follaiseach agus a tha a' Ghàidhlig. Mar sheirbheis nàiseanta a tha ag obair air feadh Alba, tha carbadan, suaicheantas corporra, soidhnichean agus èideadh na Seirbheis gu math aithnichte sna coimhearsnachdan air am bi sinn a' frithealadh.

Buidhnean 'air astar'

Bheir sinn am Plana Gàidhlig agus an obair a nì sinn mu choinneamh a' Phlana gu aire nam buidhnean leis a bheil sinn ag obair. Gus sin a dhèanamh sgaoilidh sinn fios mun Phlana againn gu fada is farsaing nuair a gheibh e aonta bho Bhòrd na Gàidhlig.

Ìrean Corpas na Gàidhlig

Tha Seirbheis Ambaileans na h-Alba air a chur romhainn gun cùm sinn ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig is na modhan airson ainmean-àite Gàidhlig, agus nì sinn cinnteach gun tèid cumail ris na modhan sin san obair eadar-theangachaidh a thèid a dhèanamh don t-Seirbheis. Iarraidh sinn comhairle bho Ainmean-àite na h-Alba a thaobh ainmean-àite a nochdas air ar soidhnichean is stuthan eile.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 26	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

6. Cur-an-gnìomh is modhan-sgrùdadh

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh airson 5 bliadhna bhon cheann-latha a gheibh e aonta bho Bhòrd na Gàidhlig no gus an tèid Plana ùr a chur na àite.

A' foillseachadh a' Phlana

Thèid Plana Gàidhlig na Seirbheis fhoillseachadh gu dà-chànanach air ar làrach-lìn.

Cuideachd:

- sgaoilidh sinn brath-naidheachd dà-chànanach ag innse mun Phlana;
- bidh lethbhric den Phlana rim faotainn sna h-oifisean poblach againn agus sna h-ionadan-fàilte againn agus thèid an ùrachadh gu cunbhalach;
- thèid fios mun Phlana a sgaoileadh am measg luchd-obach tro Eadra-lìon na Seirbheis;
- thèid lethbhric den Phlana a chur gu buidhnean Gàidhlig;
- thèid lethbhric den Phlana a chur gu buidhnean eile le ùidh sa chùis; agus
- thèid ar plana fhoillseachadh gu follaiseach agus bidh lethbhric ann do dhaoine a tha gan iarraidh.

Modhan-aithris

Mar a tha Achd 2005 ag iarraidh, thèid aithisg bhliadhnail a sgrìobhadh agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig gach bliadhna le fios air adhartas a chaidh a dhèanamh mu choinneamh gheallaidhean a' Phlana Ghàidhlig.

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 27	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

7. Fiosrachadh Conaltraidh

Ma tha ceist agaibh mu mar a thèid am Plana a chur an gnìomh bho latha gu latha, cuiribh fios gu:



Sgioba Chùisean Corporra is Coluadair
Seirbheis Ambaileans na h-Alba
Prìomh Oifis Nàiseanta
Ceàrnag a' Ghyle
1 Corran Gyle a Deas
Dùn Èideann
EH12 9EB




0131 314 0000



Scotamb.communications@nhs.net

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 28	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Eàrr-ràdh 1



Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 29	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

1	Eàrr-ràdh 2 Cunntas-sluaigh 2011					
2	Le comas sa Ghàidhlig (aois 3+)	87,056	de shluagh 1.7% na h-Alba	Luchd-labhairt na Gàidhlig (aois 3+)	57,602	de shluagh na 1.1% h-Alba
3	an àireamh dhiubh as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn	57,602	de na daoine le comas sa Ghàidhlig 66.2%	Aois 3–19	10,545	de na daoine as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn 18.3%
4	an àireamh dhiubh as urrainn Gàidhlig a leughadh	44,104	de na daoine le comas sa Ghàidhlig 50.7%	Aois 20–44	16,766	de na daoine as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn 29.1%
5	an àireamh dhiubh as urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh	33,642	de na daoine le comas sa Ghàidhlig 38.6%	Aois 45–64	16,620	de na daoine as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn 28.9%
6	tùs: NRS tables LC2120SCdz & QS211SC			Aois 65+	13,671	de na daoine as urrainn Gàidhlig a bhruidhinn 23.7%
7				tùs: NRS table KS102SC (& KS206SC) & rel2asbfigure9		
8	A' cleachdadh Gàidhlig san dachaigh	24,974	de shluagh 0.5% na h-Alba			

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 30	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021


9	de luchd-labhairt na 26.1% Gàidhlig				
10	tùs: NRS table KS206SC				
11					
12					
13	Eàrr-ràdh 3 Foghlam tron Ghàidhlig		Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig		
14	Buidhnean Gàidhlig Aois 0–3	15	sgìrean comhairle	Bun-sgoiltean (Clasaichean GLPS)	11 sgìrean comhairle
15	42005	64	àiteachan	2014-15	157 bun-sgoiltean
16	Sgoiltean-àraich	13	sgìrean comhairle		7,772 sgoilearan
17	2014-15	56	sgoiltean-àraich		luchd-obrach sgoile a’ teagasg GLPS
18		1,052	clann (thathar an dùil)		sgoiltean air a bheil tidsear a’ tadhal
19		134	luchd-obrach	Bun-sgoiltean teagaisg eile)	(dòigh- 5 sgìrean comhairle
20		85	FTE	2014-15	Bun-sgoiltean
21	Bun-sgoiltean	14	sgìrean comhairle		601 sgoilearan

22	2014-15	59	bun- sgoiltean	Àrd-sgoiltean	sgìrean 9 comhairle
23		2,818	sgoilearan	2014-15	àrd- 31 sgoiltean
24		193	tidsearan		3,020 sgoilearan
25		163	FTE		56 tidsearan
26	Àrd-sgoiltean	12	sgìrean comhairle	tùs: Bòrd na Gàidhlig	
27	2014-15	32	àrd- sgoiltean		
28		1,204	sgoilearan		
29		14	cuspairean		
30		106	tidsearan		
31	tùs: Bòrd na Gàidhlig				

Sgrìobhainn: 2017-02-21 Plana Gàidhlig 2016-21	Duilleag 32	Ùghdar: Manaidsear Co-ionannachd
Ceann-latha: 21 Gearran 2017	Tionndadh 1.0	Ath-sgrùdadh: Dùbhlachd 2021

Foghlam tron Ghàidhlig 2014-15 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil le sruth FtG Primary school with GME stream
- Bun-sgoil Ghàidhlig GME primary school
- Bun-sgoil le sruth FtB GME primary with English ME stream
- Le sgoil-àraich FtG na cois With associated GME nursery
- ★ An cois àrd-sgoile le FtG Associated with high school with GME
- Ùghdarras ionadail le FtG Local authority with GME provision



Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (cuibheas nàiseanta : national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ le labhairt Ghàidhlig : with Gaelic speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066

